

EAGLAIS BHAISTEACH THIRIODH: 1838-1988

SEIRBHIS GHAIHDLIG A' COMHARRACHADH CEUD GU LETH BLIADHNA

Eaglais Bhaile-Mhàrtainn: 7.8.1988

1. Salm 122: 1-6

1. Bha aoibhneas orm tràth thubhairt iad,  
Gu taigh Dhè thèid sinn suas;
2. Ad dhorsan, O Ierusalem,  
ar casan seasaidh fòs.

3. Ierusalem, mar chathair i,  
thogadh gu dileas dlùth;
4. Don tèid na treubhan suas gu làir,  
's iad treubhan Dhè nan dùl:

Gu teisteanas Israeil, a-chum  
ainm Dhè gum moladh iad;

5. Oir cathraichean chum breith tha 'n sin;  
's le teaghlach Dhaibhidh iad.

6. Sior-ghuidhibh do Ierusalem  
sìth-shàimh is sonas mòr:  
A' mhuinntir sin len ionmhainn thu,  
soirbhichidh iad gu leòr.

2. Laoidh

1. Iosa, glèidh mi dlùth don chrann;  
'S ann tha 'n tobar priseil,  
Dh'fhosgail Dia airson nan slògh -  
An sruth sa bheil an iocshlaint.

*Anns a' chrann, anns a' chrann,  
Biodh mo ghlòir an còmhnaidh,  
Gus an ruig mi an taobh thall  
An fhois a ghealladh dhòmhsa.*

2. Dlùth don chrann, is ormsa sgàth,  
Thàinig gràdh is tròcair;  
Dhealraich Reult na Maidne moich,  
Is doille m'inntinn dh'fhògair.

3. Dlùth don chrann, O Uan mo Dhè,  
Nochd dhomh shealladh àillidh;  
Ceum air cheum, o là gu là,  
Glèidh mi fo a sgàile.

4. Dlùth don chrann, bithidh mo thàmh,  
M'iarrtas, m'earbsa, m'aoibhneas,  
Gus an ruig mi tràigh an òir,  
Air taobh thall na h-aibhne.

### 3. Laoidh

1. Seo an sgeul sa bheil a' bhrìogh,  
'S tha i sgrìobhte gun mhearachd,  
Gun do dh' fhuiling Crìosd am bàs,  
Chosnadh slàinte do pheacaich.

*Thugaibh gèill do Aon Mhac Dhè;  
Dèanaibh èisdeachd gu grad ris;  
Gur h-e Esan ni dhuinn feum  
Nuair a thrèigeas gach neach sinn.*

2. 'S iongantach cho dall 's tha daoine'  
Tha fo dhaors' aig a' pheacadh.  
Cha chreid iad gu bheil saors'  
Dhaibh ra fhaotainn gun cheannach.
3. 'S beannaicht' iadsan fhuair air còir,  
'S a thug spèis Dha air thalamh;  
Bheir E dhachaigh iad gu glòir,  
'S bidh an sòlasan maireann.
4. Seo an caraid dhuinn as fheàrr  
Tha air nèamh no air thalamh.  
Thèid E maille ruinn tron bhàs,  
'S gheibh sinn sàbhailte dhachaigh.

### 4. Laoidh 2

1. Dhè Bheteil, led làimh thoirbheartaich,  
's tu bheathaich d'Israel fhèin,  
'S a threòraich feadh an turais sgith  
ar sinnsearan gu lèir.
2. Ar bòid 's ar n-ùrnaigh nis ata  
aig làthair do chathair ghràis;  
Bi leinn, O Dhia ar n-athraichean,  
's na diobair sinn gu bràth.
3. Tro cheuman dorch' ar beatha 'n seo,  
O treòraich thusa sinn;  
'S o là gu là ar teachd-an-tìr,  
's ar n-èididh-cuirp thoir dhuinn.
4. Fo sgàil do sgèith, O dèan ar dìon  
gu crìch ar seachrain sgith,  
Is thoir dar n-anaman fois fa-dheòidh  
ad chòmhnaidh shuas an sìth.
5. Na tìodhlacan seo, Dhè nan gràs,  
thoir dhuinn od làimh gu fial;  
'S a-nis, 's o seo a-mach gu bràth,  
is tu a-ghnàth ar Dia.